



# Sgeama Leasachaidh nam Fèisean 2018

## Fèis Development Fund 2018

### Fiosrachadh

Information



## Stiùireadh

1. 'S e cothrom fìor mhath a tha anns an Sgeama Leasachaidh taic fhaighinn airson pròiseactan a tha tighinn fo na ceithir roinnean a leanas:

### **Pròiseactan Ùra**

Mar eisimpleir a' ceannach rudan ùr (ionnstramaidean/uidheaman), a' dol air turas sònraichte, a' cur tachartas air leth air dòigh neo dad cruthachail eile ùr anns am biodh sibh ag iarraidh a dhol an-sàs.

### **Pròiseactan foillseachaidh**

Mar eisimpleir Fèisean a tha ag iarraidh foillseachaidhean a chur air dòigh, lethid òrain/sgeulachdan bhon sgìre aca fhèin.

### **Pròiseactan eadar Fèisean**

Co-dhiù dà Fhèis a tha ag iarraidh tachartasan a chur air dòigh ri chèile m.e. deireadh na seachdain airson deugairean, neo prògraman ceanglaichean ann an Alba fhèin.

### **Fèisean Ùra**

Bidh seo fosgailte gu Fèisean ùra a-mhàin a tha anns a' chiad bhliadhna den bhallrachd aig Fèisean nan Gàidheal. Feumaidh an tagradh a bhith leantainn nan riaghailtean eile co-cheangailte ris a' sgeama, agus feumaidh iad sealltainn gu bheil bonn-stèidh agus structar aig a' chomataidh agus gu bheil cunntas banca aca. Cuideachd, feumaidh dearbhadh a bhith ann gu bheil taic-airgid eile ann bho àiteachan eile, lethid ughdarrasan ionadail.

2. Feumaidh a h-uile pròiseact sealltainn ciamar a bhitheas e taiceil dhan Ghàidhlig; ga cleachdadh agus/neo a' neartachadh dòigh-chleachdadh na cànan anns an sgìre aca fhèin, agus gum bi am pròiseact a' toirt taic do compàirtichean eadar 8 agus 18 bliadhna dh'aois.
3. Tha sgeamaichean taic eile aig Fèisean nan Gàidheal, agus chan fhaigh sibh taic-airgid bhon Sgeama Leasachaidh ma tha am pròiseact na bu fhreagarraiche do sgeama eile.
4. Bidh sinn a' beachdachadh air iarrtasan suas ri £1,000 airson gach pròiseact.
5. Gheibh tagraichean freagairt taobh a-staigh mìos le co-dhùnidhean air a dhèanamh le oifigearan Fèisean nan Gàidheal.
6. Fosglaidh an sgeama seo air 1 Giblean 2018 agus dùnaidh e gu iarrtasan ùra 31 Dùbhlachd 2018. Feumaidh a h-uile phròiseact a bhith deiseil ro 31 Màrt 2019, agus tagraidhean a bhith a-staigh ro 30 Giblean 2019.
7. Chan fhaigh pròiseact sam bith barrachd air 75% de na cosgaisean air fad bhon sgeama, le co-dhiù leth phàirt den 25% eile ann an airgead agus an còrr ann an taic eile, lethid obair saor-thoileach.
8. Tha e fosgailte do Fhèis sam bith barrachd air aon iarrtas a chur dhan Sgeama Leasachaidh, ach ma tha cion airgid ann, bheir sinn prìomhachas do thagraichean ùra dhan sgeama.

## Puingean san fharsaingeachd

1. Feumaidh ballrachd Fèisean nan Gàidheal a bhith aig a' bhuidhinn.
2. Cha tèid tagradh sam bith air adhart ma tha cunradhaidhean co-cheangailte ti tabhartasan eile aig Fèisean nan Gàidheal fhathast rin coilionadh.
3. Feumaidh tagraichean a bhith leantainn nam poileasaidhean Dìon Chloinne agus Gàidhlig aig Fèisean nan Gàidheal.

## Dòigh-obrach na sgeama

1. Feumaidh a h-uile iarrtas a bhith aig Manaidsear Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal ro 31 Dùbhlachd 2018 tron phost neo air post-d.

Calum MacMhaoilein  
Manaidsear Leasachaidh  
Fèisean nan Gàidheal  
2 Barraid Àird Rois  
Inbhir Nis  
IV3 5NQ

calum@feisean.org

2. Ma tha am pròiseact soirbheachail, cuiridh sinn litir-tairgse a-mach agus gheibh an Fhèis 80% den taic-airgid nuair a bhios aontachadh air ais a' dearbhadh cuin' a bhios am pròiseact a' tòiseachadh.
3. Thèid an còrr a-mach (20%) aig deireadh a' phròiseict an dèidh aithisg ghoirid agus cunntas a' phròiseact a chur thugainn. Ma tha cosgaisean nas ìsle na bha sibh an dùil, pàighidh Fèisean nan Gàidheal an t-airgead a tha feum oirbh an àite am 20% a tha air fhàgail. Bu choir gum pròiseactan deiseil ro 31 Màrt 2019 agus tagraidhean a bhith a-staigh ro 30 Giblean 2019.
4. Mura bheil fianais gu leòr ann gun do thachair am pròiseact mar a bha sinn an dùil, feumaidh an Fhèis an t-airgead air fad a phàigheadh air ais gu Fèisean nan Gàidheal.



## Guidance

1. The Fèis Development Fund offers an opportunity for Fèisean to undertake developmental projects under the four following headings:

### **New projects**

For example the purchase of new equipment including instruments, undertaking special one-off trips, staging special one-off events or other innovative projects in which you would like to get involved.

### **Publishing projects**

For example a collection of songs/stories from the local area.

### **Inter-Fèis activity**

For at least two Fèisean working together on a project. For example, teenage groupwork events or exchanges between member Fèisean within Scotland. Applications of this kind will have to be signed by representatives of each Fèis involved.

### **New Fèisean**

Open only to Fèisean within the first 12 months of being members of Fèisean nan Gàidheal to assist with start up costs. They will have to follow the other standard rules for the scheme, plus also show evidence of a constitution, a proper committee structure and the existence of a bank account. They must also show evidence that they have support from other sources, for example, the local authority.

2. All projects will have to demonstrate that they will contribute positively to the use and/or quality of usage of Gaelic language within their local community, and that young people in the 8-18 year old group will benefit from the project.
3. Fèisean nan Gàidheal operates other funding schemes and if the project is more suitable for support from one of these schemes, you should not apply to the development fund.
4. The development fund will consider applications of up to £1,000 for each project.
5. All applicants will receive notice of our decision within one month. The final decision will be made by Fèisean nan Gàidheal officers.
6. The scheme will run from 1 April 2018 and will close to new applications on 31 December 2018. All projects will have to be completed by no later than 31 March 2019, with all final claims submitted by 30 April 2019.
7. No project, regardless of the sum sought will receive more than 75% of their projected project costs in grant aid. Of the remaining 25%, half can be contributed 'in-kind' for example in volunteer time, with a requirement for the remaining half to be provided as cash.
8. Fèisean may apply to the Fèis Development Fund for more than one project over the duration of the scheme, but in the event of limited funds, priority may be given to new applicants to the scheme.

## General grant conditions

1. To apply for a grant, the Fèis has to be a paid-up member of Fèisean nan Gàidheal.
2. An application will not go ahead if there are outstanding conditions of any other funding from Fèisean nan Gàidheal still to be met.
3. Fèisean applying to the fund must be fully compliant with Fèisean nan Gàidheal's Child Protection and Gaelic Language policies before a grant is made.

## Application process

1. All applications have to be with the Fèisean nan Gàidheal Development Manager by Monday 31 December 2018, by standard post or email.

Calum Macmillan  
Development Manager  
Fèisean nan Gàidheal  
2 Ardross Terrace  
Inverness  
Iv3 5NQ

calum@feisean.org

2. If the project is successful, a letter of offer will be sent out offering 80% of the grant when the Fèis confirms in writing the start date of the project.
3. The remaining 20% will be paid out at the end of the project, on submission of a short report and a statement of expenditure and income for the project. If the final costs are lower than expected, Fèisean nan Gàidheal will only pay out the balance required rather than the full 20%. All projects must be completed by 31 March 2019 and final reports submitted by 30 April 2019.
4. If there is insufficient evidence that the project took place as expected, the Fèis will be required to pay back all the money already paid out by Fèisean nan Gàidheal.



ALBA CHRUTHACHAIL

